

CÙRSA BOGAIDH GÀIDHLIG DO THIDSEARAN

A bheil teisteanas
teagasg agaibh?

A bheil de thogradh is de
dhicheall annaibh aghaidh
a chur ris an dùbhlán seo
às am faigh sibh tlachd
agus togail?

A bheil comasan agaibh
sa Ghàidhlig mu thràth
a chòrdadh e ribh a
leasachadh?

A bheil sibh a'
smaoineachadh air
dreachd a thoirt
a-mach a' teagasg
tron Ghàidhlig?

An còrdadh e ribh
cothrom fhaighinn
barrachd misneachd a
bhith agaibh sa Ghàidhlig
agus ann an sgilean
teagasg Gàidhlig?

Mas e 's gu bheil agus gun còrdadh,
dh'fhaodadh gum faigh sibh cothrom air a'
chùrsa seo far am faod sibh leasachadh
a dhèanamh air na sgilean proifeiseanta
agaibh agus far am faigh sibh cothrom
air teagasg tron Gàidhlig, dreachd air
leth inntinneach.



Tha barrachd chothroman cosnaidh ann a-nis do thidsearan le Gàidhlig ann am foghlam 3-18, agus sin mar thoradh air mar a tha foghlam tron Ghàidhlig air soirbheachadh thar nan 30 bliadhna a dh'fhalbh.

Tha Bòrd na Gàidhlig www.gaidhlig.org.uk a' toirt taic do dh'iomairtean gus targaidean sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a ruighinn far a bheilear ag iarraidh an àireamh de thidsearan Gàidhlig a leudachadh, agus tron targaid sin bithear a' toirt cothrom do bharrachd daoine òga ionnsachadh tron Ghàidhlig.

Tha an Cùrsa Bogaidh do Thidsearan

a' toirt bogadh sa Ghàidhlig dhuibh agus comasan adhartach sa chànan, agus às an sin thig cothroman gus an dreuchd agaibh a leasachadh ma tha teisteanas teagaisg agaibh agus Gàidhlig agaibh aig meadhan-ìre (teisteanas Àrd-ìre sa Ghàidhlig no co-ionann ri sin) agus ma tha sibh airson obair ann an foghlam tron Ghàidhlig.

Ri linn mar a tha geallaidhean ionadail agus nàiseanta ann gus foghlam tron Ghàidhlig a leudachadh, gheibh cuid a thagraichean airson a' chùrsa cothrom air làn-phàigheadh fhad 's a tha iad air a' chùrsa agus bidh dreuchd ann an teagasg Gàidhlig air a ghleidheadh dhaibh nuair a chuireas iad crìoch air a' chùrsa, agus gheibh feadhainn taic le cìsean a' chùrsa agus cosgaisean eile.

Tha an obair a nì tidsearan Gàidhlig deatamach do dh'ath-bheothachadh na Gàidhlig agus tha Bòrd na Gàidhlig, luchd-labhairt na Gàidhlig, agus na daoine a tha an sàs ann am foghlam ann an Alba, uile a' cur luach mòr ann, bho na tràth-bhliadhnaichean gu foghlam àrd-ìre agus eile.



'Seath' anns a' Chùrsa Bogaidh Ghàidhlig do Thidsearan

cùrsa dian, làn-thìde a bheir comasan adhartach ann an Gàidhlig dhuibh gu luath agus na sgilean oideachaidh sònraichte a dh'fheumas sibh airson foghlam tron Ghàidhlig

cùrsa air a theagasg gu ìre mhòr aghaidh ri aghaidh tro chom-pàirteachas eadar Oilthigh Shrath Chluaidh agus Oilthigh Dhùn Èideann

cùrsa le structar far am bithear ga theagasg rè na bliadhna sgoile, le cothroman do dh'oileanaich ùine a chur seachad ann an seòmraichean-teagaisg Gàidhlig ann an sgoiltean

cùrsa a tha airson tagraichean, a thèid a thaghadh, a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn às a' chùrsa agus a tha air cur romhpa obair ann am FfTG nuair a chuireas iad crìoch air a' chùrsa

cùrsa a tha air a dhealbh gus Dioplòma For-cheuma bho Oilthigh Shrath Chluaidh agus Oilthigh Dhùn Èideann a thoirt do dh'oileanaich, le cothrom a dhol air adhart gu ceum Maighstireil.

An ath cheum

Gus ùidh a shealltainn ann a bhith
dèanamh a' **Chùrsa Bogaidh
Ghàidhlig do Thidsearan**
2014-15 cuiribh fios gu:

An t-Oifigear Trusaidh Luchd-
teagasg aig Bòrd na Gàidhlig
0141 341 1020

teagasg@gaidhlig.org.uk



Thèid iarraidh air tagraichean

- foirm-iarrtais a chur a-staigh
- fianais a thoirt dhuinn air na comasan Gàidhlig aca
- a dhol gu seachdain, 7-11 Giblean 2014, far am faigh iad blasad den chùrsa

www.teagasg.com
www.gaidhlig.org.uk

